



Aithris prìobhaideachd - Fiosrachadh mu bhidiothan agus clàraidhean adhartachaidh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Tha an aithris prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a thèid fiosrachadh pearsanta a chleachdadh ann am bhidiothan agus clàraidhean adhartachaidh a thèid a chlàradh aig tachartasan a chumas Bòrd na Gàidhlig.

Dè am fiosrachadh a thèid a Chruinneachadh?

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' stiùireadh farsaingeachd de thachartasan far am faodadh seiseanan agus taisbeanaidhean a bhith air an clàradh. Dh'fhaodte gur e tachartasan far am bi daoine an làthair gu pearsanta no tachartasan air-loidhne a bhios annta. Airson gach seòrsa tachartas nì sinn soilleir ma tha, agus cuin a bhios, seiseanan gan clàradh ron tachartas agus, mura tèid an caochladh a ràdh, bidh sinn a' clàradh an neach-labhairt a-mhàin. Mar as trice bidh sinn a' dèanamh clàraidhean fuaim no bhidio. Cha tèid clàradh a dhèanamh de sheiseanan cheistean is fhreagairtean sam bith às dèidh taisbeanadh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh MS Teams airson tachartasan air-loidhne aig an àm seo agus thèid d' ainm is do sheòladh puist-d a chruinneachadh ma bhios tu aig tachartas. Thoir an aire gum bi am fiosrachadh agad ri fhaighinn do luchd-frithealaidh eile agus nach bi e comasach dhut a bhith ann gun urra ach a-mhàin ma tha an seisean na chraoladh phoblach. Faodaidh tu coimhead air craolaidhean poblach gun urra.

Ciamar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh agam?

Tha na clàraidhean air an cruinneachadh agus air am pròiseasadh le cead bhon fheadhainn a tha a' nochdadh anns a' chlàradh, agus tha iad gam pròiseasadh airson a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig agus nan cothroman a th' ann a bhith ag obair leis a' Ghàidhlig.

Faodaidh tu do chead a thoirt air falbh uair sam bith. Thoir an aire ged-tà, ged a chuireas Bòrd na Gàidhlig an t-iarrtas agaibh an gnìomh, nach bi e daonnan comasach dàta a thoirt air falbh bhon àrainn phoblaich. Tha barrachd fiosrachaidh mu na còraichean agad gu h-ìosal.

Gus ar cuideachadh le bhith a' cuingealachadh na th' ann de dh'fhiosrachadh pearsanta a thathar a' clàradh, is dòcha gun iarr sinn ort am micreofon agus an camara agad a chur dheth airson tachartasan air-loidhne, no suidhe ann an àite sònraichte aig tachartas a tha thu a' frithealadh mura eil thu airson 's gun nochd thu ann an dealbhan. Nì sinn ar dìcheall daonnan gun a bhith a' clàradh ach an neach-labhairt comharraichte aig tachartasan air-loidhne agus tachartasan fritheilichte.

Mus tèid am foillseachadh, deasaichidh Bòrd na Gàidhlig clàraidhean gus dèanamh cinnteach nach tèid fiosrachadh pearsanta sam bith a phròiseasadh bhon fheadhainn nach tug ceud dhuinn.

Thèid d' ainm is do sheòladh a chleachdadh airson a bhith a' cur air dòigh agus a' dèanamh rianachd airson tachartasan agus dh'fhaodadh gum bi seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur fios thugad mu chothroman agad airson ais-eòlas. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu mar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh conaltraidh [an seo](#).

Tha aontaidhean pròiseasaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' pròiseasadh fiosrachadh pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, agus mar phàirt de seo, feumaidh pròiseasadh a dhèanamh taobh a-staigh an EEA, no feumaidh dìonan iomchaidh a bhith ann ma tha seo air a dhèanamh le buidheann eadar-nàiseanta.

Tha seirbheis fo chùmhnannt aig Bòrd na Gàidhlig airson seirbheisean Oifigeir Dìon Dàta (DPO) a thoirt seachad agus faodar gun tèid am fiosrachadh agad a phròiseasadh fhad 's a tha an t-seirbheis sin ga toirt seachad, mar eisimpleir airson a bhith a' sgrùdadh gèilleadh a thaobh dìon dàta.

Thèid na clàraidhean fhoillseachadh air meadhanan sòisealta iomchaidh a' cleachdadh cunntasan Bhòrd na Gàidhlig agus mar sin, tha e glè choltach gun tèid am fiosrachadh pearsanta agad a shealltainn taobh a-muigh an EEA. Cha tèid lethbhreacan de chlàraidhean a thoirt do threas pàrtaidhean le Bòrd na Gàidhlig ach a-mhàin ma tha riatanas reachdail ann gus seo a dhèanamh no ma tha am pròiseasadh sin laghail air adhbhar eile.

Bidh na còraichean agad (air am mìneachadh gu h-ìosal) fhathast an sàs ach an uair is gu bheil am fiosrachadh agad air fhoillseachadh ann am meadhan sam bith, bidh Bòrd na Gàidhlig cuibhrichte san dòigh anns an urrainn dha do chòraichean a chur an gnìomh a thaobh mar a chleachdas daoine no buidhnean eile am fiosrachadh agad às dèidh seo.

Dè thachras leis an fhiosrachadh agam nuair nach eil feum air tuilleadh?

Thèid na clàraidhean deasaichte a chumail cho fad 's a tha iad buntainneach ri obair adhartachaidh Bhòrd na Gàidhlig agus thèid an ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbaint fhathast buntainneach. Cha tèid na clàraidhean tùsail a chumail às dèidh dhaibh a bhith air an deasachadh.

Fiosrachadh a bharrachd

Na còraichean agad

Mar a chaidh mìneachadh gu h-àrd, faodaidh tu an cead airson a bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agad airson adhbharan adhartachaidh a thoirt air falbh uair sam bith. Bu chòir dhut a bhith mothachail, ged a sguireas Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh agad airson an adhbhair sin sa bhad, gur dòcha nach bi e daonnan comasach susbaint a thoirt air falbh bhon àrainn phoblaich, mar eisimpleir far an deach a chleachdadh ann am foillseachaidhean ann an cruth cruaidh.

Tha a' chòir agad:

- i. Cead-inntrigidh iarraidh dhan fiosrachadh phearsanta agad;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agad, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil; 'S dòcha gum bi amannan ann nuair nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ri iarrtasan gus fiosrachadh a cheartachadh no a sgrios, mar eisimpleir, ma dh'fheumar fiosrachadh a chumail sa chruth thùsail air adhbharan laghail. Ma thachras seo le iarrtas a nì thu, thèid innse dhut carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas agus cuine a thathar an dùil gun tèid am fiosrachadh a cheartachadh.
- iii. Iarraidh gun tèid am fiosrachadh phearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs.
- iv. Bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. Cuir an aghaidh làimhseachadh;
- vi. So-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Gearanan

Ma tha thu mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh phearsanta agad, tha còir agad gearan a dhèanamh dhan Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta airson fiosrachadh phearsanta a tha air a chruinneachadh is a làimhseachadh airson a bhith a' rianachd sruthan maoinachaidh.

Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.org.uk/bord/ga/>.

Ma tha ceist sam bith agad mun fhiosrachadh anns an t-sanas prìobhaideachd seo, cuir fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

ofis@gaidhlig.scot

01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ughdar Author	Ceann-là Date
V2	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	CNI/SB	17/10/2022